

<p>Recent Events</p> <p>The project kicked off in early February, and in the two months since, there has already been a lot going on!</p> <p>Nicola Wright and Iona MacLeod paid visits to Fort Augustus Parent & Toddler Group, Community Tuesday, and the Girl Guides.</p> <p>That was during February- visit our Home page on the website to see some photos.</p> <p>They will both be returning during May, along with Caoimhe Keohane, Tom Langhorne, Rob Sutherland and Joyce Gilbert. Who are all paying visits to Invergarry and Kilchuimen Schools, with various projects and experiences up their sleeves for the kids there.</p> <p>Rob Sutherland's photography workshop at Daingean was really interesting, with young and old coming along to take photos and explore the old settlement.</p> <p>The following day saw Andrew Grant Mackenzie - The Highland Historian - give his talk at the Cill Chuimein Heritage Group, on 'The Story of Fort Augustus Through the Ages.' This was the second talk from Andrew who had already visited the Glenmoriston Heritage Group during February.</p> <p>Also during February, Andrew, Nicola and Tom held a drop in session at Glengarry Heritage Centre.</p> <p>Thanks to The Well of the Seven Heads for providing amazing cakes for these events.</p>	<p>Tachartas o chionn ghoirid</p> <p>Thòisich am pròiseact tràth sa Ghearran, agus anns an dà mhìos bhon uair sin, tha tòrr air a bhith a' dol air adhart mar-thà!</p> <p>Thadhail Nicola Wright agus Iona NicLeòid air Buidheann Pàrant is Pàiste Chille Chuimein, air Coimhearsnachd Dimàirt, agus air na Girl Guides.</p> <p>'S ann sa Ghearran a bha sin - tadhail air an duilleag-dhachaigh againn air an làrach-lìn airson dealbhan fhaicinn.</p> <p>Bidh iad le chèile a' tilleadh sa Chèitean, cuide ri Caoimhe Keohane, Tom Langhorne, Rob Sutherland agus Joyce Gilbert, a tha uile a' tadhal air sgoiltean Inbhir Garadh agus Cille Chuimein, le diofar phròiseactan agus eòlasan suas an sleagh dhan chloinn an sin.</p> <p>Bha bùth-obrach togail dhealbhan aig Rob Sutherland anns an Daingean air leth inntinneach, le sean is òg a' tighinn ann airson dealbhan a thogail agus an t-seann bhaile a rannsachadh.</p> <p>An ath latha thug Anndra Grannd MacCoinnich – An Neach-Eachdraidh Gàidhealach – seachad òraid aig Buidheann Dualchais Chille Chuimein, air 'Sgeulachd Chille Chuimein Tro na Linntean.' B' e seo an dàrna òraid bho Anndra a bha air tadhal air Buidheann Dualchais Ghleann Moireasdan mar-thà rè An Gearran.</p> <p>Cuideachd sa Ghearran, chum Anndra, Nicola agus Tom seisean 'buail a-steach' aig Ionad Dualchais Ghleanna Garadh.</p> <p>Taing do Tobar nan Ceann airson cèicean iongantach a thoirt seachad airson nan thachartasan seo.</p>
---	---

<p>Glengarry Heritage Centre</p> <p>Special thanks to Stanley and The Glengarry Heritage Centre for hosting the Group's activities recently.</p> <p>The Glengarry Heritage Centre is a fantastic resource full of fascinating info and photos about the area. It is great to see it opening its doors for the Season again, and we hope it welcomes lots of visitors. In fact the Heritage Centre is looking for volunteers. If you have 3 hours or more to spare a week get in touch with Stanley!</p> <p>Open now until the end of September, Tuesday, Wednesday and Thursday 9.30 am - 3pm. www.glengarryheritagecentre.com</p> <p>The Day at Daingean</p> <p>Daingean</p> <p>There was a good turnout on what was an overcast but fine day. It was lovely to see the young folks running around the old settlement. Accessing the site is really easy with the car park still in place, so it is just a short walk to a great viewpoint across the glen.</p> <p>We had the pleasure of welcoming Hector Rogers on site.</p> <p>He is a great storyteller and full of knowledge of Daingean itself and the wider local area.</p> <p>Hector was involved when the Daingean Trail was developed- it's still accessible now but without the former signage sadly.</p> <p>Joane Whitmore was also involved when</p>	<p>Ionad Dualchas Ghlinn Garadh</p> <p>Taing shònraichte do Stanley agus Ionad Dualchas Ghlinn Garadh airson a bhith a' toirt aoi gheachd do thachartasan na Buidhne o chionn ghoirid.</p> <p>'S e goireas air leth a th' ann an Ionad Dualchais Ghlinne Garadh làn de dh'fhiosrachadh inntinneach agus dealbhan mun sgìre. Tha e math a bhith ga fhaicinn a' fosgladh a dhorsan airson an ràithe a-rithist, agus tha sinn an dòchas gun cuir e fàilte air tòrr luchd-tadhail. Gu dearbh tha an t-Ionad Dualchais a' coimhead airson saor-thoilich. Ma tha 3 uairean a thìde no barrachd agad gach seachdain cuir fios gu Stanley!</p> <p>Fosgailte a-nis gu deireadh an t-Sultain, Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin 9.30m - 3f. www.glengarryheritagecentre.com</p> <p>An Latha anns an Daingean</p> <p>Daingean</p> <p>Bha sluagh math a' tighinn a-steach air latha a bha caran glas ach ciùin. Bha e math na daoine òga fhaicinn a' ruith timcheall an t-seann bhaile. Tha e furasta faighinn chun làraich leis a' phàirce chàraichean fhathast na àite, agus mar sin chan eil ann ach cuairt ghoirid gu deagh àite-seallaidh tarsainn a' ghlinne.</p> <p>Bha e na thoileachas dhuinn fàilte a chuir air Eachann Rogers air an làrach.</p> <p>Tha e na dheagh sgeulaiche agus làn eòlas air an Daingean fhèin agus air an sgìre ionadail san fharsaingeachd.</p> <p>Bha Eachann an sàs nuair a chaidh Slighe na Daingean a chur air dòigh - tha e fhathast furasta a ruigsinn ach às aonais na soidhnichean a bh' ann roimhe gu mi-fhortannach.</p> <p>Bha Joane Whitmore an sàs cuideachd nuair</p>
---	--

Daingean was rediscovered and the Trail set up. She wasn't there on the day but she sent this message;

'One of Rob's photos took me back to a rather scruffy little sketch I did some years ago, sitting in my car at the top of Daingean looking west, I think, rather than across the loch. I'm trying to work out where the hills join up with his view! My paint was a bit muddy but I was trying to catch the sudden changes in the weather and the view. The fact that you created an adventure up at Daingean cheers me and Hector up no end. I loved the picture of Hector beaming in his chair and such a great idea to have the children up there.'

Here are just a few of the photos from the day. Top left and bottom right are by Rhiannon Cooper, top right and bottom left are by younger brother Fraser.

R's Photo
F's Photo
F's Photo
R's photo

The day would not have been possible without Rob of course, who gave great feedback and encouragement to everyone who was busy with their camera. As a former archaeologist, Amazon expedition photographer, anthropologist, IT Manager, Engineer, stuntman and now professional photographer, he was very much at home in Daingean!

a chaidh an Daingeann ath-lorg agus an t-Slighe a stèidheachadh. Cha robh i ann air an latha ach chuir i an teachdaireachd seo ;

'Thug fear de na dealbhan aig Rob mi air ais gu sgeidse beag caran ropachl a rinn mi o chionn beagan bhliadhnaichean, nam shuidhe sa chàr agam aig mullach na Daingean a' coimhead chun iar, tha mi a' smaoinichadh, tarsainn an locha. Tha mi a' feuchainn ri obrachadh a-mach càite a bheil na beanntan a' tighinn còmhla ris an t-sealladh aige! Bha am peant agam beagan eabarach ach bha mi a' feuchainn ris na h-atharrachaidhean obann san t-side agus san t-sealladh a ghlacadh. 'S e gun do chruthaich sibh dàn-thuras shuas san Daingean a' toirt toileachas mòr dhomh agus do dh'Eachann. 'S toil leam an dealbh de Eachann na shuidhe sa chathair agus bha e na dheagh bheachd a' chlann a bhith shuas an sin.

Seo dìreach beagan de na dealbhan bhon latha. Gu h-àrd air an làimh chli agus gu h-iseal air an làimh dheis tha Rhiannon Cooper, gu h-àrd air an làimh dheis agus gu h-iseal air an taobh chli le bràthair òg Friseal.

Dealbh R
Dealbh F
Dealbh F
Dealbh R

Cha bhiodh an latha air a bhith comasach às aonais Rob gu dearbh, a thug deagh fhios air ais agus brosnachadh don h-uile duine a bha trang leis a' chamara aca. Mar seann arc-eòlaiche, dealbhadair air turas Amazon, daon-eòlaiche, manaidsear IT, innleadair, stuntman agus a-nis na dhealbhadair proifeasanta, bha e gu mòr aig an taigh anns an Daingean!

<p>Upcoming Activities & Events</p> <p>Here are some of the plans that are afoot... we will keep you informed of further developments via Facebook, Instagram and by newsletter.</p> <p>Help the Team find Music & Songs.</p> <p>Music and songs from “The Three Glens” area.</p> <p>Building upon research into Glenmoriston’s musical heritage carried out in 2021 and 2022, The Glen of the Bards. Munro Gauld and Raghnaid Sandilands will be investigating the Gaelic songs, pipe music and fiddle tunes from the wider Glengarry and Fort Augustus areas.</p> <p>In each newsletter we will feature a local song or tune giving the melody and lyrics along with the story behind it.</p> <p>By the end of the Project, we aim to have gathered enough material to create a booklet of easily accessible local songs and tunes for musicians, school children and anyone interested in learning more about the area’s rich cultural heritage.</p> <p>If you know of any music written by musicians from the area - or about local people, places or events - we’d love to hear from you!</p> <p>Please let us know by GETTING IN TOUCH.</p>	<p>Tachartasan ri thighinn</p> <p>Seo cuid de na planaichean a tha romhainn... cumaidh sinn fios ribh mu leasachaidhean eile tro Facebook, Instagram agus le cuairt-litir.</p> <p>Cuidich leis an Sgioba airson Ceòl & Òrain a lorg.</p> <p>Ceòl agus òrain bho sgìre “Na Trì Gleann”.</p> <p>A’ togail air rannsachadh air dualchas ceòl Ghlinn Mhoireasdan a chaidh a dhèanamh ann an 2021 agus 2022, Gleann nam Bàrd. Bidh Munro Gauld agus Raghnaid Sandilands a’ rannsachadh òrain Gàidhlig, ceòl na pìoba agus fuinn fìdhle bhon sgìrean nas fharsainge Ghlinn Gharadh agus Chille Chuimein.</p> <p>Anns gach cuairt-litir bidh sinn a’ nochdadh òran no port ionadail a’ toirt am fonn agus na facail còmhla ris an sgeulachd air a chùlaibh.</p> <p>Ro dheireadh a’ Phròiseict, tha sinn ag amas air stuth gu leòr a chruinneachadh gus leabhran a chruthachadh de dh’òrain is fuinn ionadail a tha ruigsinneach dha luchd-ciùil, clann-sgoile agus duine sam bith aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh barrachd mu dhualchas chultarach bheairteach na sgìre.</p> <p>Ma tha sibh eòlach air ceòl sam bith a sgrìobh luchd-ciùil às an sgìre – neo mu dhaoine ionadail, àiteachan neo thachartasan – bhitheamaid toilichte cluinntinn bhua!</p> <p>Nach leig sibh fios thugainn le bhith a’ cur fios thugainn..</p>
--	--

Art Workshops with Fiona Stewart

Fiona has been living in Glenmoriston with her family for a couple of years now. Originally from near to Edinburgh she moved south of the border to pursue a career as a scenic artist for theater and film. Now she is back north of the border, closer to where her family ties on the Isle of Skye. As a contemporary artist, Fiona is inspired by the landscape and folklore of Dundreggan and the wider Highlands.

An Cruinneachadh/ The Gathering Project is delighted to have Fiona involved with the project, and together we are planning a series of art workshops! Watch this space!

Film Night in Invermoriston!

Dùthchas (Home), along with a Q&A with Producer Andy Mackinnon, not to mention refreshments... it all sounds like a wonderful way to spend an hour or two in good company.

The film has been well received by audiences, as it tells the fascinating story of the people of Berneray, through some amazing archive footage.

Bùithtean-obrach ealain còmhla ri Fiona Stiùbhart

Tha Fiona air a bhith a' fuireach ann an Gleann Moireasdan còmhla ri a teaghlach airson bliadhna no dhà a-nis. 'S ann bho faisg air Dùn Èideann a tha i bho thùs ach ghluais i gu deas air a' chrìch gus dreuchd a leantainn mar neach-ealain seallaidh airson thèatar agus film. A-nis tha i air ais gu tuath air a' chrìch, nas fhaisge air far a bheil a teaghlach a' fuireach san Eilean Sgitheanach. Mar neach-ealain co-aimsireil, tha Fiona air a brosnachadh le cruth-tìre agus beul-aithris Dhul Dreagain agus leis a' Ghàidhealtachd san fharsaingeachd.

Tha e na thoileachas mòr dhan Chruinneachadh Fiona a bhith an sàs sa phròiseact, agus còmhla tha sinn a' planadh sreath de bhùthan-obrach ealain! Cùm sùil air an àite seo!

Oidhche Film ann an Inbhir Moireasdan!

Dùthchas, còmhla ri Q&A leis an Riochdaire Andy MacFhionghain, gun luaidh air deochan... tha e coltach gur e dòigh iongantach a bhios ann airson uair no dhà a chaitheamh ann an deagh chompanaidh.

Tha fèill mhòr air an fhilm leis an luchd-èisteachd, agus e ag innse sgeulachd inntinneach muinntir Bheàrnaraigh, tro dhealbhan iongantach bhon tasglann.

It is a really beautiful film, and accessible to Gaelic and non-Gaelic speakers alike.

This event is free thanks to our funders, while donations are welcome on the night. You can reserve a free ticket [HERE](#)

Take a look at the trailer below...
[DÙTHCHAS | HOME online trailer](#)

Friday 2nd June, Doors 7.30pm.
Invermoriston Millennium Hall.
Send us your photos, drawings, stories or memories... in fact anything!

We would love to have your contributions for the next newsletter, and/or the overall project.

As well as the call out for songs and music, other members of the team are working on projects to do with stories and memories from and of the area.

If you are interested in contributing or just finding out a bit more, do **GET IN TOUCH**.

'S e film fìor bhrèagha a th' ann, agus ruigsinneach dha daoine aig a bheil Gàidhlig agus aig nach eil Gàidhlig le chèile.

Tha an tachartas seo an-asgaidh air sgàth nan luchd-maoineachaidh againn, ged a tha fàilte air tabhartasan air an oidhche. Faodaidh tu tiogaid an-asgaidh a ghlèidheadh **AN-SEO**

Thoir sùil air an ro-shealladh gu h-ìosal...
ro-shealladh **DÙTHCHAS** air-loidhne

Dihaoine 2 Ògmhios, dorsan fosgailte aig 7.30f. Talla Mìle Bliadhna, Inbhir Moireasdan.

Cuir thugainn do dhealbhan, sgeulachdan no chuimhneachain ... gu dearbh rud sam bith!

Bu mhath leinn ur tabhartasan fhaighinn airson na h-ath chuairt-litir, agus/no a' pròiseact iomlan.

A bharrachd air a bhith ag iarraidh òrain is ceòl, tha buill eile den sgioba ag obair air pròiseactan co-cheangailte ri sgeulachdan agus cuimhneachain às agus mu dheidhinn na sgìre.

Ma tha ùidh agad ann a bhith a' cur ris no dìreach a' faighinn a-mach beagan a bharrachd, cuir fios thugainn.